Anns an iris seo…

Telebhisean is Fiolmaichean

Spòrs agus Biadh

One Direction agus Iolairean Mara

Agallamhan is Beachdan

Ficsean, fasan is Fionnghal NicDhòmhnaill…

agus mòran a bharrachd!

50sg

Iris Ghàidhlig As2/3, A' Bhliadhn' Ùr 2013

Clàr-innse

Ann an Sloc an Dràgain……..3

A' Tadhail air na h-Iolairean Mara, Le Hannah Dean……6

Fiolmaichean, Le Hazel NicLeòid is Ruth Ghòrdan……7

Facal no dhà air Fasan, le Erin NicDòmhnaill……9

Dè tha ann an Deugaire? Le Hannah Dean, Erin NicDhòmhnaill……10

Telebhisean, Le Alec Corrigal……12

One Direction, Le Annie NicDòmnaill……13

Is tu na rudan a dh' itheas tu! Le Marion Dhochartaigh……14

'Tùr nan Taibhsean', sgeulachd ghoirid Le Mhairi Sime is Megan Dibble……15

Ar Ruitheadair Oileampaigeach, Le Niall MacÙisdein……19

Ainmich aon neach, beò no marbh a bu thoigh leat coinneachadh, Le Hazel NicLeòid……20

A bheil an 'geama bòidheach' air fàs grot? Le Seonachan Laing…… 21

Agallamh le Calum MacDòmhnaill, Runrig Le Dianne Nic a' Phiocair……22

Dè ur beachdan air na ceistean mòra?……23

Farpais……24

Facal beag…

Seo Ok ma-tha, an ceathramh iris ann an sreath a chaidh a sgrìobhadh le sgoilearan Àrd-sgoil Phort Rìgh. Chaidh an iris seo a sgrìobhadh le sgoilearan do sgoilearan agus tha sinn an dòchas gu bheil rudeigin ann don a h-uile duine, ge b'e dè tha a' còrdadh riut. Chaidh an iris air fad a sgrìobhadh le sgoilearan Gàidhlig air an dàrna bliadhna mar phàirt den Churraicealam airson Sàr-mhathais agus ghabh iad ris an obair le deòin, a' rannsachadh, a' sgrìobhadh agus a' deasachadh gach pìos den iris.

Tha sinn fada an comain Bòrd na Gàidhlig agus Fèisean nan Gàidheal airson taic a thoirt dhuinn leis a' phròisect.

Tha sinn am beachd na h-irisean seo a sgaoileadh gu sgoiltean eile agus sinn an dòchas gun dèan sgoiltean eile an aon rud gus am faigh sgoilearan cothrom a bhith a' leughadh airson tlachd ann an Gàidhlig mu chuspairean anns a bheil ùidh aca fhèin.

Tha sinn gu h-àraidh taingeil do na sgoilearan fhèin a tha air a bhith cho èasgaidh a' dol an sàs san obair.

Roinn na Gàidhlig, Àrd-sgoil Phort Rìgh

Ann an Sloc an Dràgain.....

Seo Fionnaghal NicDhòmhnaill, ban-Uidhsteach a bha bèo anns an ochdamh linn deug, ach a chuir seachad mòran bhliadhnaichean san Eilean Sgitheanach. Tha i ainmeil bhon a shàbhail i beatha a' Phrionnsa Theàrlaich as dèidh dha teicheadh bho Bhlàr Chùl-Lodair ann an 1746.

Anns a' chlas Ghàidhlig, rinn sinn pròiseact anns an robh againn ri cuimhneachan do dh' Fhionnghal a dhealbhachadh. Dh' obraich sinn ann an sgiobaidhean air ar planaichean, is bha againn ri taisbeanadh a dhèanamh air beulaibh nan 'dràgan' mar a chìthear air a' phròg ram, 'Dragon's Den'. Ach b' iad luchd-teagaisg a b' aithne dhuinn bhon sgoil, is Mgr DA MacIllEathain à Sabhal Mòr Ostaig na dràgain a bh' againne!

Sgioba 1 – Seonachan Laing is Alec Corrigal

Bha mi fhèin is mo charaid Alec a' moladh sgeama son taigh-tasgaidh fhosgladh am meadhan Phort Rìgh, anns am biodh sgeulachd beatha Fionnaghail air a h-innse.

Seo an togalach a chleachdamaid air a shon. Bhiodh e math nar beachd, oir chan eil dad ann an-dràsta, agus tha coltas robach air mar a tha e. Tha e anns a' bhaile fhèin, is mar sin tha àiteachan pàircidh ann ri a thaobh. Chan eil moran ann do luchd-turais ann am Port Rìgh, a bharrachd air a bhith ag ithe is a' ceannach stuthan, is chan eil àite ann far an ionnsaich iad mu eachdraidh an eilein.

Ach airson airgead a dhèanamh às, bhiodh cafaidh beag anns an togalach. Bhiodh an cafaidh seo nas saoire na tha na cafaidhean eile anns a' bhaile. Tha iad uabhasach daor nar beachd.

Sgioba 2 – Hazel NicLeòid is Megan Dibble

Tha mi fhèin is mo charaid Hazel son ìomhaigh mhòr do Fhionnghal a thogail suas aig a' *Lump* no air a' Mheall, pàirc mhòr am meadhan Phort Rìgh. Chuireamaid an ìomhaigh anns an tùr bheag a tha an sin, an togalach air a bheil coltas caisteal bheag. Bhiodh an ìomhaigh air a togail air mullach a' chaisteil, gus am bi an luchd-turais a bhios an còmhnaidh timcheall ga faicinn bhon chidhe.

Anns an ìomhaigh bhiodh Fionnghal a' smeideadh ris a' Phrionnsa, a' cur nar cuimhne mar a dh'fhàg e an t-Eilean. Bhiodh bòrd fiosrachaidh aig bonn an togalaich, a dh' innseadh beagan mu dheidhinn beatha Fionnghail. Bhiodh seo, nar beachd, a' tarraing luchd-turais dhan àite. Bhiodh aig an luchd tadhail ri 50 sgillinn a phàigheadh airson faighinn faisg air an ìomhaigh. Rachadh an t-airgead seo do Chomhairle na Gaidhealtachd airson an ìomhaigh a chumail ann an deagh staid.

Sgioba a trì – Niall MacUisdein is Lachlan MacAonghais

Bha sinne den bheachd gum biodh e math ìomhaigh a thogail de Fhionnghal, taobh a-muigh baile Phort Rìgh. Tha aonad tadhail againn mar-tha, air a bheil an t-ainm Àros. Bhiodh e math an ìomhaigh a thogail an seo, oir tha tòrr luchd turais a' dol ann co-dhiù.



Tha cafaidh aca, taigh-dhealbh is bùth. Chuireamaid an ìomhaigh air taobh eile an rathaid, ach dh' fhaodadh daoine a bha airson coimhead air an càraichean fhàgail anns an àite-pàircidh. Bhiodh seo math do dh' Àros, agus dhan bhaile. Agus gus am biodh e caran tarraingeach, 's e ìomhaigh ùr, neo-thraidiseanta a



thogamaid, coltach ris an tè seo a chìthear ann am Bahrain....

Sgioba a ceithir – Dianne Nic a' Phiocair, Marion Docherty is Ruth Ghòrdan

O chionn 's gu bheil am bàta-aiseig bho Ùige a dh' Uibhist air a sgeadachadh gu spaideil às ùr gach bliadhna, tha sinn a' smaoineachadh gum bu chòir an t-ainm aig Fionnghal NicDhòmhnaill a bhith oirre mar ainm air cliathaich a' bhàta an àite, 'The Hebrides'.

Tha sinn a' smaoineachadh cuideachd gum bu chòir taigh-tasgaidh a bhith air a' bhàta oir 's e rud tarraingeach don luchd-turais a bhiodh ann. Bu thoigh leinn bhideo mu Fhionnghal a shealltainn dhaibh, bhideo a dh' innseadh sgeualchd a beatha. Agus an àite truinnsearan le 'Caladonian Mac a' Bhruthainn' sgrìobhte orra a chleachdadh sa chafaidh, tha sinne a' smaoineachadh gum bu chòir aodann Fionnghail a bhith orra.

Sgioba a còig – Annie NicDhòmhnaill is Mhàiri Sime

Mar chuimheachan do Fhionnghal NicDhòmhnaill, bu thoigh leinn fiolm eachdraidheil a dhèanamh. Anns an fhiolm seo, bhiodh an nighean aig Fionaghal, agus i na seann aois, ag innse sgeulachd beatha a màthar don teaghlach aice aig an toiseach. Leumadh an stòraidh an an uair sin air ais ann an tìm, gus an leanadh an luchd-amhairc an sgeulachd air fad tro shùilean Fionnghail fhèin. Bhiodh am fiolm na rud math do na h-eileanan, nar beachd. Bhiodh am fiolmadh air a dhèanamh an seo, agus thigeadh an luchd-turais ann son àiteachan san fhiolm fhaicinn air an son fhèin. Bhiodh e san dòigh seo math do eaconomaidh na Gàidhealtachd.



Ged a bha gach sgioba math, b' e sgioba a ceithir a bhuannaich a' cho-fharpais – Mealaibh ur naidheachd Dianne, Ruth is Marion!

A' TADHAL AIR NA H-IOLAIREAN MHARA *Le Hannah Dean*

Tha an iolair mhara dà uiread nas motha na clamhan. Tha i donn le ceann soilleir, earball geal is gob buidhe oirre. Tha na sgiathan aice cho mòr ri doras sabhail, bho aon taobh don taobh eile. Tha iolairean ag ithe mòran, bho iasg gu fèidh mharbh, is uaireannan bidh iad a' goid biadh bho bheathaichean eile. An- uiridh, chaidh sgoilearan air an dàrna bliadhna a dh'fhaicinn nan iolairean mara. Seo cunntas air an turas...

Bha a' ghaoth ann, ach bha beagan den ghrèin ann cuideachd. Rinn sinn ar slighe sìos gu cidhe Phort Rìgh. Bha bòtannan is aodach blàth air a h-uile

duine againn, uill 's docha nach robh air a h-uile neach! Choisich sinn sìos chun a' chidhe. Abair sealladh a rinn sinn!

Ràinig sinn an cidhe, agus ged a bha mòran againn air bhioran, bha cuid ann a bha làn iomagain mun a bhith a' cur a-mach air a' bhàta fhèin. Fhuair sinn fiosrachadh air sàbhailteachd agus air ciamar a dhèiligeadh sinn ri teicheadh nan tachradh tubaist. Chunnaic sinn mòran de dhiofar sheòrsachan eòin gu h-àrd, leithid faoileag is gille-brìghde. Fhuair sinn cuideachd sealladh àlainn de pheileagan.

Nuair a ràinig sinn an t-àite far am biodh na h-iolairean a' neadachadh, stad am bàta. Thug sgiobair a' bhàta, is Maighstir Cailean MacIllEathainn, a tha na dhealbhadair san eilean, fiosrachadh dhuinn mun àrainneachd timcheall oirnn. Thog an sgiobair iasg na làimh is thilg e dhan uisge e. Cho luath ris a' ghaoith, theàrn iolair sìos, is ghlac i an t-iasg na spuir.

Bha mi air mo bheò-ghlachadh a' faicinn dè cho mòr sa bha an t-eun. Ged a bha sinn air mòran ionnsachadh mun dheidhinn, 's e rud eile a bha ann gam faicinn air ar son fhèin. Bha sinn a' sgreuchail leis an toileachas. Air an t-slighe air ais dhan phort, chruinnich na nigheanan còmhla, agus iad a' feuchainn ri bhith gan cumail fhèin blàth fhad 's a bha na balaich a' gabhail cothrom a bhith ag iasgach far cliathaich a' bhàta. B' e latha sgoinneil a bh' ann. Gu dearbha, b' e seo an turas sgoile Gàidhlilg a b' fhèarr a chòrd rium.

Fiolmaichean

Ma tha agad ri oidhche a chur seachad a-staigh, feuch gum faigh thu grèim air.... 'Last Song'

Ruth Ghòrdan

'S e 'The Last Song' le Nicolas Sparks am fiolm romansach as fhèarr leam an-dràsta. Tha na h-actairean, Miley Cyrus, Liam Hemsworth, Bobby Coleman agus Greg Kinnear a' nochdadh anns an fhiolm sgoinneil seo.

Tha pàrantan Ronnie Miller (Miley Cyrus), agus a bràthair beag (Bobby Coleman) air dealachadh, is tha an dithis aca a' fuireach ann an Columbia, sna Stàitean, còmhla ri am màthair. Ach an samhradh a tha seo, tha iad air an cur gu baile beag ann an Georgia, far a bheil an athair a' fuireach. Cha toigh le Ronnie a h- athair idir, is chan eil i airson bruidhinn ris no fiùs a bhith modhail ris fad an t-samhraidh. Tha i fiadhaich.

Ach as dèidh dhi coinneachadh ri gille a tha snog, thuig Ronnie as ùr dè cho cudromach 's a bha ceòl dhi. Tha seo a' toirt neart ùr don cheangal eadar Ronnie is a h-athair.

Tha tòrr phearsachan anns an fhiolm seo, is iad Ronnie Miller agus a h-athair Steve Miller na prìomh phearsachan. 'S e deugair greannach, reubaltach a th' ann an Ronnie, tha aice ri fuireach an aghaidh a toil aig taigh a h-athar, is chan eil i idir air a dòigh.

Aig toiseach na sgeulachd, tha Ronnie an-còmhnaidh ag èigheach air ris a h-uile duine. Chan eil eagal sam bith aice ron a bhith ann an trioblaid, is tha i an còmhnaidh a' dèanamh rudan nach bu chòir dhi. Co-dhiù, tha seo air atharrachadh aig deireadh an fhiolm, agus chì sinn gu bheil nàdar còir, laghach aice. Tha athair Ronnie na dhuine doirbh. Dh' 'fhàg e a theaghlach airson trì bliadhnaichean gun bhruidhinn neo cur fios thuca ag innse càit an robh e. Aig a' cheann thall ge-tà, chì sinn gur e duine tuigseach a th' ann. Thug e maitheanas do a nighean, ged a bha i aig amannan, na caileag uabhasach.

Nam bheachdsa 's e fiolm sgoinneil a tha seo, ged a tha e brònach an siud 's an seo. Bha mòran phearsachan matha san fhiolm, is bha iad uile air an cluich gu math leis na h-actairean. Uile gu lèir,'s e fiolm iongantach a tha seo, is mholainn e do nighean, mun aois agam fhèin, no nas aosda.

Dolphin Tale

Hazel NicLeòid

'S e 'Dolphin Tale' am fiolm as fhèarr leamsa. 'S e fiolm airson an teaghlaich a th' ann, is tha e fìor mhath nam bheachd. Is iad na prìomh charactaran san fhiolm: Sawyer Nelson, Dr Clay Haskett, Hazel an nighean aige, agus Winter, a tha na leumadair!

Aig toiseach an fhiolm, chaidh Winter a lorg air an tràigh. Tha i air greimeachadh ann am pìos meatailt. Tha Sawyer a' dol seachad air a' bhaidhsagal, nuair a ghlacas am beathach bochd aire. Tha Sawyer an uair sin a' geàrradh Winter às na ueirichean. Tha Dr Clay is Hazel an uair sin a' toirt Winter do ospadal bheathaichean, far an do dh'fhàs i na b' fheàrr. Tha Sawyer a' dol a choimhead air Winter cho tri 's as urrainn dha agus is esan an aon neach a nì ceangal rithe. Tha earball Winter air a goirteachadh, agus feumaidh am bheat pìos de earball a a' bheathaich bhochd a thoirt air falbh.

Tha Winter ag ionnsachadh mar a shnàmhas i às aonais a h-earbaill, le bhith a' gluasad bho thaobh gu taobh, ach tha Dr Clay a' faicinn gu bheil an gluasad a' goirteachadh a cnàimh-droma. Tha fios aige ma chumas i oirre a' dèanamh seo, gum bàsaich i. Rinn e earball plastaig air a son, ach bhris Winter e le a bhith ga bualadh fhèin air balla an amar-snàimh. Tha cuideachd aig caraidean Winter ri airgead a thogail son an t- ospadal anns a bheil i a chumail fosgailte. Beag air bheag tha Winter a' fàs cleachdte ris an earball ùr aice.

'S e fiolm uabhasach inntinneach, laghach a tha seo. Ged a tha Winter a' call a h-earbaill, tha na thachair dhi as dèidh sin a' toirt ort faireachdainn blàth is math. Chanainn's gur e fiolm a tha seo, a tha freagarrach dhan a h-uile duine. Bheirinn gu dearbha, 9 a-mach à 10 dha.

Facebook no Twitter?

Thaghainn *Twitter*, oir tha mi air *Twitter* fada nas trice na tha mi air *Facebook*. Nam bheachd, tha *Facebook* math airson a bhith a' bruidhinn ri caraidean. Tha Twitter math airson faighinn a mach mu na tha a' tachairt air feadh air an t-saoghail. *Le Hazel*

Facal no dhà air Fasan le Erin NicDhòmhnaill
Thallaibh do na bùthan is faighibh.....

.....High Tops!

Tha h-uile càil *àrd* anns na buthan an dràsta, an tug thu an aire? Is toigh leinne bròg an 'High Tops' bhon a tha iad cofhurtail. Tha mise gan cur orm a h-uile latha aig an taigh. Gheibh thu iad airson airson gillean is nigheanan, ach mar as trice is iad na gillean a chuireas orra iad. Chan fhaic thu air tòrr nigheanan iad, oir chan eil mòran dhiubh ann a tha freagarrach do nigheanan. Ach nar beachdne, tha iad a' cheart cho freagarrach do nigheanan. Dè ur beachd fhèin?

Agus nach tog thu do mheadhan cuideachd...? A thaobh sgiortaichean, is toigh leinne na sgiortaichean air a bheil meadhan àrd a chì thu sna bùthan an-dràsta. Tha iad seo math airson a h-uile duine, ach tha iad sònraichte freagarrach don tè air a bheil cruachain! Tha an stoidhle seo a' meudachadh bonn agus mullach do bhodhaig, gus am bi coltas nas taine ort.

Cù no Cat – Cò am peata as fheàrr?

Is toigh leam cait oir tha iad còir, agus chan eil iad a' dèanamh fuaim uabhasach. Bidh iad nan cadal gu tric tron là. Chan ith iad ach beagan. Tha coin a' ruith mun cuairt agus ag ithe gun sguir. Feumaidh tu cù a thoirt a-mach airson cuairt a h-uile latha, ach thèid cait a-mach leotha fhèin. Ma tha an t-acras orra, thèid iad fhèin a-mach a shealg. *Le Hannah*



Dè tha ann an deugaire?...

Aiste le Hannah Dean is Erin NicDhòmhnaill

Deugairean – Leughadairean, 's dòcha gu bheil sibh uile nur deugairean, ach dè tha am facal seo a' ciallachadh? An e d' aois a nì deugaire dhìot, no an e d' aodach is do chleachdaidhean? Uill, tha mise is mo charaid Erin air beagan rannsachaidh a dhèanamh a thaobh a bhith ag innse dè tha ann an 'deugaire'.....

'S e a' chiad rud a shaoil sinn a bha cudromach do dheugaire sam bith – an àrd-sgoil. Uill tha sinn uile beò ann an àrd sgoil air choreigin, a' dèanamh obair mhath, nach eil? Ha! Breugan a bha agam an sin. Dè tha sinn gu fìreannach ris an-dràsta? A h-uile latha, tha sinn ag èirigh tràth, a' cur oirnn deise-sgoile air a bheil coltas neo-inntinneach, a' faighinn air bòrd bus neo a' coiseachd dhan togalach mhòr air a bheil 'Àrd Sgoil Phort Rìgh'

sgrìobhte. Nar beachd, chan eil ach aon rud a tha math mu dheidhinn seo, agus sin gu bheil sinn a' faicinn ar caraidean is a' cur seachad ùine còmhla!

Tha an t-àite is an cudrom a tha aig ceòl nad bheatha, ag innse dhut a bheil thu nad dheugaire no nach eil, nar beachd. Tha diofar sheòrsachan dheth a' còrdadh ri gach duine againn, ach mar as trice tha aon seòrsa ann a tha air thoiseach air a h-uile càil eile airson deugaire àbhaisteach, agus 's e sin ceòl pop. Is iad Pop is Roc as fheàrr leamsa, ach tha mo charaid Erin a' smaoineachadh gur e R&B agus pop as fheàrr. Mar seo, tha beachdan diofraichte aig gach deugaire, ach is e glè bheag dhiubh nach èist ri ceòl Pop idir, ged nach aidich iad sin!

Tha coltas cudromach ann a bhith ag obrachadh a-mach an e deugaire a th' annad no nach e. As t-samhradh, is toigh le deugairean aodach ùr fhaighinn son cumail suas ri fasanan ùra an t-seusain, ged nach urrrainn dhuinn seo a dhèanamh taobh a-staigh na sgoile. Tha an deise sgoile againne cho grot - lèine gheal, briogais dhubh is peitean beag, agus an rud as miosa buileach, an tàidh

sgoile. Carson nach fhaod sinn cur oirnn na tha sinn fhèin ag iarraidh?

Agus tha seo gar toirt do chuspair eile a tha doirbh dèiligeadh ris uaireannan – pàrantan! Tha ar ceangalaichean ri pàrantan a' comharrachadh beatha an deugaire cuideachd. Nach iad ar pàrantan a tha dona dhuinn?! Tha iad an còmhnaidh a' gearain... "Na dèan seo.....", "Cuir seo air falbh!...." Ach tha sinn feumach orra, co-dhiù airson airgead fhaighinn airson aodach ùr a cheannach, ged a tha iad fhèin cho sean-fhasanta! Cò an deugaire nach eil air a bhith air a g(h)lacadh air an t-slighe a-mach le guth a chanas gach uair: "Chan eil thu idir a' smaoineachadh gu bheil thu a' dol a-mach a' coimhead mar sin, a bheil?'

Agus bho aodach, gu rud eile a tha cudromach do dheugaire, agus 's e sin - biadh! Tha fios agad gu bheil thu nad dheugaire nuair a tha thu feumach air deochan milis is suiteis airson do thogail tron là. Bidh thu a' dol sìos dhan bhaile airson d' airgead gu lèir a chosg orra! Cha tig biadh falainn faisg air do bheul! Tha mòran againn nar seacharain-feòla mar a tha mi fhèin, ach a thaobh na dh' itheas sinn de sheòclaid is rudan milis eile, tha sinn ann an lìog leinn fhèin!

Chan eil e soirbh a bhith nad dheugaire, dìreach leugh facal an òrain 'Teenager' le '*My Chemical Romance*' is chì thu mar a tha e ag ràdh an sin gu bheil a h-uile duine a' teicheadh bhuainn bhon a tha sinn cho eagalach! Ach a bheil sinn cho fìor dhona sin? A bheil sinn uile neònach is doirbh? Nach robh gach

neach, na d(h)eugaire aig àm air choreigin? Chan urrainn dhut a bhith nad inbheach gun a bhith nad dheugaire. Tha feadhainn ag ràdh gur iad na bliadhnaichean a chuireas tu seachad mar dheugaire, ged a tha iad seo doirbh, an t-àm nad bheatha a tha làn spòrs is sonais. Tha sinne ag aontachadh!

Le Alec Corrigal

'S e 'Two and a Half Men' am prògram telebhisein as fhèarr leam oir tha e uabhasach èibhinn. Tha an t-actadh ann gu math sgileil nam bheachd. 'S e Charlie Sheen am prìomh charactar sa phrògram. Tha e a' cluich a phàirt gu math tha mi a' creidsinn. Tha an caractar aige uabhasach beartach, is a' fuireach ann an taigh mòr

snasail. Ach chan eil a bheatha cho cofhurtail sin. Tha e a' fuireach còmhla ri bhràthar Ailean, agus Jake, an gille aige. Tha iad an còmhnaidh ag argamaid, is a' dol a-mach air a chèile ann an dòigh a tha a' toirt orm gàireachdainn. Feuch gun coimhead thu air ma gheibh thu an cothrom. Chì thu air an t-seanail, 'Comedy Central' e.

Seo beagan fiosrachaidh mu Charlie Sheen, prìomh actar a' phrògraim. 'S dòcha gu bheil thu air fhaicinn ann am fiolm....

Charlie Sheen

'S e **Carlos Irwin Estevez** an t-ainm a fhuair Charlie Sheen nuair a rugadh e. Rugadh e air an 3mh là den t-Sultain, 1965. Tha e na actar telebhisein a-nis, ach b' àbhaist dha a bhith ag obair ann an fiolmaichean. Chunnaic mi an toiseach e air a' phrògran, 'Two and a Half Men'. Tha e a' cluich duine ann a tha trom air an deoch, rud air a bheil e fhèin trom aig amannan. Tha e air nochdadh ann an tòrr dhiofar fhiolmaichean, mar 'Scary Movie 3' agus 'Wall Street'. Tha e mar actair air a bhith gu math soirbheachail, ged nach d' rinn e gu math idir san sgoil. 'S toigh leam e oir tha e gu math èibhinn is beothail.

An ceòl agam fhèin....

'One Direction' le Annie NicDhòmhnaill

Fhuair iad an treas àite ann an X-Factor...Bhuannaich iad *Brit*.... Tha na mileanan de nigheanan ann an gaol leotha, ach cò th' ann an, *One Direction*?

Thòisich an sgeualchd ann an 2010. Bha an X-Factor a' cumail agallamhan mar a b' àbhaist, airson seinneadairean tàlantach a lorg. Thàinig na mìltean a-mach airson cothrom fhaighinn air an duais mhòir. Am measg nam mìltean sin, bha Harry Styles, Louis Tomlinson, Niall Horan, Liam Payne agus Zayn Malik, gach duine aca a' seinn leis fhèin.

Sheinn gach duine aca cho math 's gun d' fhuair iad uile a-steach dhan dàrna cuairt. Ach aig 'Bootcamp' bha iad uile fo-iomagain, agus cha do rinn iad cho math 's a rinn iad aig an toiseach. Fhuair iad fios nach robh iad anns an ath chuairt.

Ach, bha plana aig Simon Cowell. Bha esan a' smaoineachadh gun robh iad ro mhath airson falbh, is mar sin, chruinnich e còmhla iad, is chuidich e iad. Sin ma-thà mar a thòisich an còmhlan. B' e Harry a thagh an t-ainm 'One Direction', ainm a tha gu math freagarrach do bhalaich a bha airson an aon slighe a ghabhail.

Agus nach iadsan a tha air a dhol bho neart gu neart? Tha clàr aca, trì bhideothan, agus tha iad air a dhol timcheall an t-saoghail a' seinn ann an Ameireaga, Astràilia agus an Roinn-Eòrpa. Chithear an aodainn air aodach, seudraidh agus chaidh leabhraichean a sgrìobhadh mu an deidhinn cuideachd!

Agus chan ann a-mhàin do dhaoine a tha an sanasachd aca, mar a chì sibh bhon dealbh seo....Tha mi fhèin ann an gaol leotha, agus tha mi an dòchas gun cùm iad orra a' seinn airson bliadhnaichean!

Is tu na rudan a dh' itheas tu!

Seo 10 pìosan fiosrachaidh mun bhiadh a dh'itheas tu. Rabhadh Slàinte: Cha bhi thu airson ithe as dèidh dhut seo a leughadh!

1. Tha an cofaidh as daoire anns an t-saoghal a' cosg $80. Ach tha pàirt dheth a' tighinn à tòn cait. *A bheil thu ag iarraidh srupag...?*

2. Dh'fheumadh tu coiseachd airson 7 uairean a thìde airson nan calaraidhean ann an Còc Super Size agus Mac mòr a losgadh. *Cò ghabhas burger?*

3. Tha an t-searbhag ann an Còc gu math làidir. Ma chuireas tarrag ann, leaghaidh i an ceann 4 làithean!

4. Tha companaidhean a nì biadh luath a' cur siùcar air an sliseagan gus am bi iad a' coimhead nas fhèarr. *'S beag an t-iongnadh gu bheil sliseagan cho tarraingeach, ach cho dona dhuinn!*

5. Chan eil aran geal math dhut! Tha ceimigeilean ann a tha grot, leithid *Amonium Sulphate*, stuth a chleachdas iad airson bomaichean a sprèadhadh.

6.Tha còrr is 90% de bhradan an t-saoghail air àrach ann an tuathanas èisg. Tha feòil bho iasg a chaidh a thogail mar seo glas, an àite pinc. 'S iad na ceimigilean a chuireas iad orra nì an dath.

Marion Dhochartaigh

Dè am pròg̀ram as fheàrr...Britain's Got Talent' no 'The Voice' ?

Tha mise a' smaoineachadh gu bheil 'The Voice' nas fheàrr. Tha na britheamhan nas fheàrr, agus chan eil ann ach seinn is tha sin na rud math nam bheachd. Is toigh leam 'The Voice' cuideachd o chionn 's nach eil thu air do mheas air do choltas.

Le Erin

Tùr nan Taibhsean

Sgeulachd ghoirid le Mhairi Sime is Megan Dibble

'S e turas sgoile clas AS3 a bh' ann, agus bha na sgoilearan air a bhith air an leigeil a-mach son tadhal air pàirc fhealla-dhà ann an Dùn Eideann. 'S e pairc mhòr a bh' ann. Bha faisg air fichead rolair-corsair is rudan tarraingeach eile ann agus bha na deugairean air an dòigh. Bha na sgoilearan air cruinneachadh còmhla timcheall air an tidsear aca, A' Bhean -phòsta Chaimbeul....

"Sgoilearan, èistibh! Darren, sguir dheth sin! A Chloe, thig an seo! Nise, tha sinn a' dol a leigeil leibh a dhol mun chuairt na pàirce nur buidhnean no dithisean, ach tha riaghailt neo dhà ann air a dh'fheumas mi ruith mus fhalbh sibh..."

"Bidh seo cho spòrsail, Sophie. Dè nì sinn an toiseach?" thuirt Iain ris a bhana-charaid ,Sophie. "Tha mise ag iarraidh a dhol air a' chuairt nàdair, bidh na seallaidhean cho brèagha," fhreagair Sophie.

"Na bi nad ghealtaire, Sophie. Tha sin CHO dòrainneach! Thig còmhla rium do Thùr nan Taibhsean. Cuiridh e eagal ort, ach bidh thu sàbhailte!" thuirt Iain le gàire.

"Ceart gu leòr ma-thà", dh'aontaich Sophie, ann an guth a bha caran teagmhach.

Chaidh an dithis dhan tùr, agus choimhead iad air an t-soidhne "Àm feitheimh airson Tur an Taibhse: 5 mionaidean". Sheas iad san loidhne, agus an ceann ceithir mionaidean, bha Iain agus Sophie nan suidhe anns an lioft am broinn an tùir. Dh'fhaighnich neach-obrach na pàirce dhaibh: "A bheil sibh deiseil airson turas eagalach?"

"CHAN EIL!" dh'èigh Sophie aig àrd a claiginn.

"Gu dearbh, tha sinn!" dh'èigh Iain a' gàireachdainn.

"Chì mi sibh nuair a tha sibh deiseil," thuirt an duine gu sona, is phut e am putan son an turas a thòiseachadh. Dhùin dorsan an lioft, agus thòisich an carbad a dhol suas gu slaodach. "O tha seo ceart gu leòr," thuirt

Sophie, is am faochadh soilleir na guth. Cha robh Iain buileach cho sona. Bha esan ag iarraidh eagal a ghabhail, ach agus bha seo cho dòrainneach. Bhiodh e a cheart cho math dhaibh a dhol air a' chuairt

nàdair!

An ath mhionaid ge-tà, chuala iad brag mhòr, agus thòisich an carbad a dhol sìos aig peilear a bheatha. Leig Sophie sgriach aiste agus chuir Iain a làmhan suas san adhar. Dh'fhosgail agus dhùin dorsan an lioft. Nuair a dh'fhosgail na dorsan a-rithist, bha rùm ann, air am beulaibh, le seallaidhean eagalach agus cruthan de dhaoine ann an aodach sean-fhasanta a' tighinn gan ionnsaigh. Bha sgeinean aca is bha iad a' sgreuchail. Dhùin na doras a-rithist, ghluais an carbad, ach bha na seallaidhean uabhasach a chunnaic an dithis soilleir nan inntinn.

Chaidh an lioft sìos, nuair sin suas agus sìos a rithist, ach nuair a thòisich i a' dol suas airson an treas uair bha BRAG ann, agus stad i, is na dorsan fosgailte. Rinn an siostam fuaim cnacail agus thuirt guth an neach-obraich: "Na gabhaibh dragh. 'S e duilgheadas teicnigeach a tha seo. Thèid a chur ceart an ceann uair a thìde no nas lugha. Fuirichibh far a bheil sibh an..."

Bha sgreuch uabhasach ann is an uairsin sàmhchair.

"Iain, de tha a' tachairt? Tha an t-eagal orm." Thuirt Sophie, is i a' feuchainn ri na deòir a chumail air ais.
"Bidh e ceart gu leòr. Tha sinn fortanach gu bheil na dorsan fosgailte," fhreagair Iain gu brosnachail.
"Carson a tha thu cho sona, Iain? Tha sinn glaiste san togalach eagalach seo, agus chan fhaigh sinn a-mach às airson ùine. Bidh sinn an seo gus am bàsaich sinn leis an eagal," thuirt Sophie, a guth làn eu-dòchais.
"Na gabh dragh, bidh sinn ceart gu leòr. Seall, 's dòcha gum biodh e na b' fhèarr faighinn a-mach às an lioft," fhreagair Iain. Cha robh Sophie cho cinnteach.
"Dh' iarr an neach-obrach oirnn fuireach san lioft."

Ach chuir Iain bhuaithe a chrios, agus sheas e. Dh' fhàg e an lioft.

"Iain thig air ais. Tha mi duilich!" dh'èigh Sophie. Cha robh i airson a

bhith leatha fhèin.
"Bha mi dìreach a' tarraing àsad Sophie," thuirt Iain le gàire. "Cha b' urrainn dhomh d' fhàgail mar sin."
Bha an dithis aca a-nis nan seasamh anns an trannsa ri taobh dorsan an lioft. Choimhead Sophie timcheall oirre. "Seall air na dealbhan seo air a'

bhalla, tha iad caran... neònach, nach eil?" thuirt i.
"Tha gu dearbh. Seall an t-aodach a tha orra. Tha coltas iongantach orra. Shaoileadh tu gun robh iad beò. Tha iad cho soilleir nach eil?" fhreagair Iain.

Chaidh an dithis aca air adhart son coimhead air dealbh de bhoireannach a bha sean is reamhar. Bha mòran duslach oirre. Chuir Iain a làmh air, agus ghlan e an duslach air falbh. Bha e cho neònach na thachair an uair sin. Cha mhòr gun robh atharrachadh air tighinn air an ìomhaigh. Cha robh am boireannach a' coimhead sona. Gu dearbha, bha i a' coimhead gu math feargach. Chuir Sophie a cùl ris an dealbh, agus thòisich i air coiseachd air ais dhan lioft gu slaodach, a h-aodann cho geal. Gu h-obann, leig Iain a-mach sgreuch uabhasach, "Cuidich mi, Sophie!"

Thionndaidh Sophie timcheall, agus dh'fhàg an sealladh a chunnaic i a cridhe fuar leis an eagal. Bha am boireannach reamhar bhon dealbh air a gàirdeanan a chur a-mach, is bha iad air amhach Iain. Bha Iain a' tachdadh, a' casadaich agus a' strì na h-aghaidh, ach bha am boireannach na bu làidire na e. "Fàg e, fàg e" dh'èigh Sophie.

An ath-mhionaid, dh' fhàs cùisean na bu mhiosa buileach. Leig an taibhse às a' ghrèim a bh' aice air Iain, is leum i a-mach às an dealbh. Choisich an taibhs timcheall an rùim, a sùilean air na dealbhan eile, is ghlan i an duslach a bha orra. Dhùin Sophie a sùilean is chrath i a ceann. Bha seo do-chreidsinneach! Ach cha do rinn sin diofar, oir nuair a dh'fhosgail i a sùilean a-rithist, bha mu sheachd taibhsean às na dealbhan nan seasamh an sin, air a beulaibh!

Bha còmhradh ann eadar na taibhsean, agus thionndaidh iad mar aon duine. Choisich iad uile a-null dhan lioft, a bha fhathast briste, ach cha robh sin na dhragh dhaibh. Thòisich iad air leum às an uinneig.

Ruith Iain dhan uinneig airson faicinn na bha air tachairt gu h-ìosal, ach b' ann neònach an sealladh a chunnaic iad. Thuit na taibhsean sìos aon as dèidh aoin, ach cha do ràinig fear dhiubh an talamh. Bha iad uile a' crìonadh air an t-slighe sìos. Cha robh air fhàgail dhiubh an ceann mionaid no dhà, ach pile beag uinnsean, a dh'fhalbhadh leis a' ghaoith.

'Feumaidh nach b' urrainn dhaibh an togalach fhàgail," thuirt Iain is e a' tionndaidh is a' coimhead airson Sophie… Ach cha robh sgeul oirre. "Sophie?" dh'èigh e, ach chan fhaca e is cha chuala e guth. Càit an robh i?

Cha robh i idir son fhàgail is an t-eagal cho mòr oirre. Ghlac rudeigin aire Iain, is reothaich fhuil na fhèithean. Na laighe air an làr, aig a chasan, bha dealbh ùr, le ìomhaigh ùr shoilleir air. Bha aodann Sophie an sin cho soilleir ris a' ghrèin, an t-eagal sgrìobhte na sùilean…

Pinc no Purpaidh? Cò an dath as fheàrr?

'S e purpaidh a thaghainn mar an dath as fheàrr leam. Faodaidh purpaidh a bhith làidir agus boillsgeach, ach faodaidh e cuideachd a bhith sèimh agus socair, a-rèir dè cho soilleir 's a tha e. *Mhairi Sime*

Is toigh leam pinc!



Is toigh leamsa purpaidh!

Ar Ruitheadair Oileampaigeach!

Fhuair Maighstir Dobson, a tha na thidsear san sgoil againn, an cothrom ruith leis an toirdse Oileampaigeach. Rinn Niall MacUisdein agallamh ris, airson barrachd fhaighinn a-mach mun tachartas mhìorbhaileach seo....

Ceist: Cò chuir air adhart d' ainm airson seo?

B' e Iain Jordan, fear-glèidhidh na sgoile, a chuir m' ainm air adhart.

Ceist: A bheil fios agad dè thug air d' ainm a chur air adhart?

Tha mi a' smaoineachadh gur e an obair a rinn e a' dealbhachadh baidhseagal a bhiodh freagarrach do dhaoine ciorramach a bha air inntinn nuair a sgrìobh e chun na comataidh.

Ceist: Ciamar a dh'fhairich thu nuair a fhuair thu a-mach gun robh thu air a bhith soirbheachail?

Bha iongnadh mòr orm. Bha mi a' creidsinn gun robh Iain a' tarraing àsam!

Ceist: Càit an do ruith sibh?

Ruith mi a' ruith airson ùine ghoirid faisg air Cille Chuimein. Bha mi duilich nach tàinig an toirdse don Eilean Sgitheanach fhèin, ach bha mi fortanach cothrom fhaighinn a bhith a' gabhail pàirt san tachartas co-dhiù.

Ceist: Ciamar a bha thu air do sgeadachadh?

Bha mi airson deise èibhinn a chur orm, ach bha agam ri aodach spòrs nan geamannan a chur orm.

Ainnmich aon neach, beò no marbh, a bu thoigh leat coinneachadh

Dh' fhaighnich Hazel a' cheist seo don chlas. Seo feadhainn de na freagairtean a thug iad dhi...



Annie - Harry Styles. Carson...uill tha gaol agam air, is tha amharas agam gu bheil gaol aige ormsa!

Erin - Elvis Presley

Tha Elvis air brosnachadh a thoirt do mhòran luchd-ciùil. Bha e cho tàlantach.



Seonachan – an dràibhear, Ayrton Senna.

Rinn e mòran airson e buidhnean carthannas Tha e air e mòran de na tha e air buannachadh a thoirt do dhaoine a tha bochd ann am Braisil.

Mrs Nic a' Phàrlain – Uilleam Ualas

Tha Ualas na ghaisgeach nàiseanta, ach bu thoigh leam faighinn a-mach, air mo shon fhèin, cò ris a bha e coltach.

Niall - Walt Disney. Thagh mi Disney o chionn 's gun robh e gu math soirbheachail. Rinn e mòran na bheatha.

A bheil an 'geama bòidheach' air fàs grot ?

le Seonachan Laing

O chionn ghoirid, bha manaidsear Celtic, Niall Leanan, anns na naidheachadhan airson droch adhbharan…

Bha bomaichean anns an robh tarragan air an cur gu Niall Lennon tron phost anns a' Mhàrt, 2011. Thug seo uabhas air mòran dhaoine ann an Alba. Bha ceistean fiù' s air an cur ann am Pàrlamaid na h-Alba. Carson idir a bhiodh duine sam bith a' fàs cho feargach mu ghèama?

Gu mì-fhortanach, tha ball-coise ann an Alba air a bhith mar seo son ùine fhada. Tha na trioblaidean a' dol air ais dhan naoidheamh linn deug. Thàinig tòrr Èireannach a Bhreatainn airson obair fhaighinn oir bha biadh gu math gann ann an Èirinn aig an àm. Thòisich iad seo sgiobaidhean ball-coise dhaibh fhèin, sgiobaidhean a bha gu math soirbheachail, leithid Celtic, Hibernain is Liverpool. Bha creideamh a-nis air tighinn a-steach don ghèama oir bha mòran de na cluicheadairean nan Caitligich.

Thug na thachair rudan a tha math dan ghèama ann am Breatainn. Tha e gu math farpaiseac,h mar eisimpleir, ach tha sgaraidhean buidhne air cron uabhasach a dhèanamh air a' ghèama, agus tha seo gu sònraichte fìor mu na sgiobaidhean mòra ann am baile Ghlaschu.

Agallamh le Calum MacDhòmhnaill bho Runrig – Dianne Nic a' Phiocair

Dè do bheachd air pròraman leithid 'Britain's Got Talent' agus 'X Factor'?

Tha BGT a' còrdadh gu mòr ri daoine, is tha e fìor gu bheil iad air daoine aig a bheil tàlant a lorg, ach cha toigh leam fhèin pròraman den t-seòrsa seo. Tha Simon Cowell air cur às do cheòl pop, nam bheachd. Tha e air ceòl neo-inntinneach a tha gun urram a chruthachadh. Tha cus air a chrochadh air dè cho ainmeil 's a dh'fhàsas daoine. Chan e an ceòl an rud as cudromaiche.

An cuireadh tu d' ainm fhèin a-steach air an son?

Gu dearbh cha chuirinn!

A bheil sibh a cheart cho measail air ceòl is a bha sibh nuair a thòisich sibh?

Tha, tha mi a' smaoineachadh gu bheil gach duine againn a cheart cho measail air a' cheòl. Cha mhaireadh tu fada sa ghnìomhachas seo as aonais sin. Tha cùisean eile air an atharrachadh tro na bliadhnaichean, ach bu mhath leam smaoineachadh nach eil sin.

Dè cho cudromach's a tha e dhuibh gu bheil Gàidhlig air a cleachdadh sa cheòl agaibh?

Gun teagamh 's e Gàidhlig aon de na h-eileamaidean as cudromaiche den cheòl againn. Sgrìobhaidh sinn òrain ann an Gàidhlig agus ann am Beurla sa chiad dol a-mach bhon a bha e nàdarra dhuinn. Cha tig an là nam bheachd nuair a chlàraicheas sinn clàr Runrig anns nach eil Gàidhlig. Ach cha robh sinn uair sam bith son clàr a dhèanamh anns nach robh *ach* Gàidhlig. Faodaidh sinn barrachd a dhèanamh don chànan ma tha sinn a' cleachdadh Beurla cuideachd. A bharrachd air Gàidhlig, b' e an ar a-mach ann an ceòl a ghabh àite sna caogadan agus seasgadan an rud a bu mhotha a thug buaidh air a' cheòl. Bho cheòl ròc, R agus B, do na laithean tòisichidh aig seinneadairean mòra leithid Bob Dylan agus Pòl Simon, na Beatles is na Rolling Stones. Dh'atharraich òigridh is ceòl gu mòr aig am àm sin.

Tha sibh gu tric a-mach air eilthireachd sa cheòl agaibh. Am bu thoil leat fhèin dachaigh a dhèanamh thall thairis?

Tha siubhal a' còrdadh rium, agus 's toigh leam àiteachan ùra fhaicinn. Ach aig a' cheann thall, 's fìor thoigh leam a bhith aig an taigh. Ma 's e gun gluais mi idir, 's ann a dh' Uibhist a Tuath a thèid mi!

Dè ur beachdan air na ceistean mòra…?

Seo na beachdan aig feadhainn anns a' chlas air dà cheist phoileataigeach air a bheil daoine a' deasbad an-dràsta…

Am bu chòir do dh' Albannnaich bhòtadh son neo-eisimeileachd?

Tha sinne a' smaoineachadh gum bu chòir, o chionn 's gu bheil Sasainn den bheachd gu bheil i air thoiseach oirnn mar dhùthaich, bhon a tha i nas motha . Chan eil ùidh mhòr aig Riaghaltas Bhreatainn ann an Alba. *Niall is Lachlan*

Cha bu chòir, oir tha sinne a' smaoineacachadh nach biodh airgead gu leòr againn airson nan rudan a tha sinn airson a dhèanamh san dùthaich a dhèanamh. *Dianne is Hazel*

A bheil an t-àm ann an aois bhòtaidh a thoirt sìos gu sia-deug?

Cha bhiodh seo na rud math, oir chan eil deugairean sean is eòlach gu leòr air a shon. Feumaidh sinn a' bhòt a thoirt do na daoine as glice is as comasaiche. *Mhairi is Annie*

Bu chòir bhòt a bhith aig daoine aig aois 16. Mas urrainn dhut pòsadh aig an aois sin, carson nach urrainn dhut bhòtadh? *Niall is Lachlan*

Farpais na h-iris

Feuch seo. 'S dòcha gum buannaich thu i-Pod Shuffle!

Ceist 1

Cò an dithis ainmeil às an liosta seo a phòs anns a' Ghiblean 2011?

A. Uilleam is Ceit
B. Micheal is Barack Obama
C. Na luchainn, Mickey is Minnie

Ceist 2

Cò an cluicheadair ball-coise a ghabh grèim-cridhe air a' phàirc is e a' cluich airson a sgioba

A. Fabrice Muamba
B. Christiano Ronaldo
C. Daniel Agger

Ceist 3

Cò bhuannaich am farpais, 'The Voice' am-bliadhna?

A. Leanne Mitchell
B. Jai McDowall
C. Little Mix

Ceist 4

Cuin a thàinig RunRig còmhla mar chòmhlan-ciùil?

A. 1977
B. 1973
C. 1998

Ceist 5

Dè cho mòr 's a tha iolair-mara, bho sgiathan gu sgiathan?

A. ochd òirlich
B. ochd troighean
C. ochd meatairean

Ceist 6

Anns an iris seo, sgrìobh Hazel lèirmheas air fiolm a chunnaic i a chòrd rithe. Cò am fiolm a bha seo?

A. Last Song
B. Dolphin Tale
C. Mean Girls

BÒRD NA GÀIDHLIG

OK Ma-thà Farpais iPod Thoiribh ur freagairtean gu Roinn na Gàidhlig ro 25/01/13

Ainm:
Aois:
Clas:

1.	2.	3.	4.	5.	6.